

Measadh air dreachd Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na  
h-Alba 2023 - 2028



# **Comhairle Chrìochan na h-Alba**

## **PLANA GÀIDHLIG**

**Clàr-ama Plana 2023-2028**

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 25<sup>mh</sup> Iuchar 2023.

## Clàr-innse

Ro-ràdh	5
Geàrr-chunntas	6
Structar a' Phlana Ghàidhlig	7
1. Facal-tòiseachaidh	8
2. Crìochan na h-Alba	9
Mapa	10
3. Na tha Crìochan na h-Alba a' cur ris a' Ghàidhlig	10
3.1 Fiosrachadh agus Mothachadh	10
3.2 Foghlaim	11
3.2.1 A' Ghàidhlig ann am Foghlam	11
3.2.2 Foghlam tron Gàidhlig ann an Comhairle Chrìochan na h-Alba	12
3.2.3 Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)	13
3.2.4. A' Ghàidhlig taobh a-muigh foghlaim	14
3.3 Cultar agus Ealainean	15
4. Gealltanasan a' Phlana	15
4.1 Gealltanasan Àrd-ìre Aontaichte	15
4.2 Sgrùdadh Luchd-obrach	23
4.3 Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig	24
5. Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig	26
6. A' sgrùdadh a' Phlana	26
7. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach	26
8. Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' phlana Ghàidhlig	27
9. Foillseachadh	27
Earr-ràdh A	29
Eàrr-ràdh B	30
Sgrùdadh luchd-obrach:	30
Eàrr-ràdh C	33
Earr-ràdh C – Toraidhean na Co-chomhairle	33

## Ro-ràdh

---

*Tha e ro-chudromach gun tèid ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd. Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba ag aithneachadh gu bheil dleastanas oirre cuideachadh leis a' phròiseas seo fo reachdas a chaidh aontachadh le Riaghaltas na h-Alba, gus Planaichean Gàidhlig ullachadh airson na Sgìre.*

*Is e seo a' chiad phlana Ghàidhlig aig Comhairle Chrìochan na h-Alba. Tha e a' cur air adhart amasan na Comhairle airson nan 5 bliadhna a tha romhainn, bho 2023 gu 2028, a thaobh adhartachadh na Gàidhlig.*

*Tha am plana cuideachd a' cumail taic ri cur an gnìomh Buil Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba **'Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhailta'**. Is e ar n-amas ann a bhith a' dèanamh seo cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus cothroman a bhrosnachadh do na coimhearsnachdan againn a bhith a' conaltradh sa Ghàidhlig ann an dòigh iomchaidh.*

*Nochdaidh sinn spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla tro sheirbheisean agus goireasan dà-chànanach sam bith a bhios againn.*

*Tha a' Chomhairle airson taic a thoirt dhan Ghàidhlig. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh ge-tà gur e sgìre fharsaing dhùthchail air a' Ghalldachd a th' ann an Crìochan na h-Alba le sluagh sgapte, gun mheadhan mòr bailteil, agus le grunn bhailtean-beaga. Chan eil traidisean Gàidhlig aig Crìochan na h-Alba, no cultar dùthchasach Gàidhlig làidir, agus mar sin tha sinn a' tòiseachadh bho bhunait ìosal ann a bhith ag adhartachadh a' chànanain nar sgoiltean agus sna coimhearsnachdan ionadail.*

*Tha na gealltanasan againn sa Phlana seo a' mìneachadh na nì sinn gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh ann an Crìochan na h-Alba agus mar sin ann a bhith a' cuideachadh le bhith a' coileanadh nan rùintean agus nan cinn-uidhe ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.*

An Comhairliche Euan Jardine

David Robertson  
Àrd-oifigear

## Geàrr-chunntas

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarras poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaitich de dhualchas na h-Alba agus tha a' Chomhairle ag aontachadh ris na h-amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Obraichidh sinn a dh'ionnsaigh a bhith a' cur nan structaran is iomairtean air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Ann an com-pàirteachas le co-obraichean aig Ainmean-Àite na h-Alba, tha Bòrd na Gàidhlig air mapa de dh'ainmean-àite Gàidhlig air feadh na h-Alba a dhèanamh, a' sealltainn buaidh fharsaing a' chànan. Chithear seo ann an Earr-ràdh A.

## Structar a' Phlana Ghàidhlig

Tha taic Comhairle Chrìochan na h-Alba ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2023-28 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na trì cinn seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

Tha cruth a' phlana mar a leanas:

### **Facal-tòiseachaidh**

Tha an earrann seo a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa Plana Gàidhlig na Comhairle fo Achd 2005 agus tha i a' toirt beagan fiosrachadh mu eachdraidh na Gàidhlig ann an Crìochan na h-Alba.

### **Bun-dhleastanasan**

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a chleachdas a' Chomhairle a' Ghàidhlig agus mar a chuireas sinn cleachdadh na Gàidhlig an comas a thaobh nan seirbheisean a bhios sinn a' toirt seachad mar Chomhairle. Bidh seo cuideachd a' coimhead air raointean leithid dearbh-aithne chorpóra, sanasachd, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn.

### **– Buaidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha an earrann seo a' cur an cèill mar a bhios Comhairle Chrìochan na h-Alba a' cuideachadh gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn an dùil cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann am planadh agus libhrigeadh sheirbheisean, mar a bhios iomchaidh.

### **Buileachadh agus Sgrùdadh**

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a thèid am plana Gàidhlig againn a libhrigeadh, agus mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus toraidhean.

# 1. Facal-tòiseachaidh

## **A' stèidheachadh Co-theacsa airson Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig**

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba a chaidh ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## **Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig**

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum buidhnean poblach deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis. Rinn Comhairle Chrìochan na h-Alba co-chomhairle phoblach air a dreachd Plana Gàidhlig eadar 12<sup>mh</sup> Giblean agus 23<sup>mh</sup> Cèitean 2021 agus tha i air na beachdan a chaidh a thoirt dhì tron chùrsa co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

## **Aonta do Phlana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba:**

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air **(ceann-latha ri dhearbhadh)**.

## 2. Crìochan na h-Alba

Tha a' Ghàidhlig air aon de na cànanan Ceilteach agus air aon de na cànanan sgrìobhte as sine san Roinn Eòrpa. Thathar a' smaoinichadh gun tàinig i a dh'Alba à Èirinn mu 500 AD, ach dh'fhaodadh gun do ràinig i ron àm sin, nuair a bhiodh i air a bhith am measg ghrunn chànanan eadar-dhealaichte a bha air am bruidhinn ann an Alba.

Aig deireadh an 18mh linn, chaidh a mhùchadh gu mòr aig àm nam Fuadaichean mì-chliùiteach, às dèidh ar-a-mach nan Seumasach. Chaidh geur-leanmhainn a dhèanamh air luchd-labhairt a' chànain thar nan linntean.

Bhon dàrna leth den fhicheadamh linn, chaidh oidhirp leantainneach a dhèanamh gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig agus gus a h-ath-bheòthachadh, anns an robh an t-adhartas uile a rinneadh ann am foghlam Gàidhlig aig gach ìre, agus stèidheachadh stèiseanan rèidio is telebhisean Gàidhlig, nan clachan-mìle cudromach, cho math ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha prìomh bhàird na 20<sup>mh</sup> linn, leithid Somhairle MacGill-Eain agus Iain Mac a' Ghobhainn, a sgrìobh ann an Gàidhlig agus Beurla, agus còmhlain-ciùil co-aimsireil leithid Runrig agus Capercaillie air mothachadh agus meas air a' chànain àrdachadh gu h-eadar-nàiseanta, agus tha na h-ealainean san fharsaingeachd nan raon air leth beothail ann an cultar na Gàidhlig san latha an-diugh, a' tarraing air traidisean beairteach de bhàrdachd is de cheòl ann an dualchas na Gàidhlig.

Tha Gàidhlig ga bruidhinn anns a h-uile seòrsa suidheachadh an-diugh, tha cothroman obrach ann do dhaoine òga leis a' chànain, agus tha i a' tàladh luchd-labhairt ùra bho iomadh coimhearsnachd cànanain, tha Gàidhlig fhathast ga bruidhinn an-diugh le timcheall air 60,000 Albannach.


Tha daoine ann an Crìochan na h-Alba aig a bheil Gàidhlig. 'S a mhòr-chuid, tha na daoine seo air tighinn a dh'fhuireach ann an Crìochan na h-Alba. Tha grunn den luchd-labhairt Gàidhlig seo air a bhith a' fuireach ann an Crìochan na h-Alba bho chionn fhada agus iad air tighinn an toiseach airson obair ann an gnìomhachas an aodaich (ceanglaichean ri Clò na Hearadh) agus ann an taighean-òsta ionadail.

B' e an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a chlàradh a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn agus/no a leughadh agus/no a sgrìobhadh agus/no a thuigsinn ann an Cunntas-sluaigh 2011 - 771 (0.7% de shluagh Crìochan na h-Alba, an coimeas ri 1.7% airson Alba air fad). A-mach as na daoine sin, b' e an àireamh iomlan de dhaoine a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn 375 (0.34% de shluagh Chrìochan na h-Alba, an taca ri 1.1% de shluagh na h-Alba).

Ged a tha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na Crìochan beag aig an àm seo, tha ùidh a' fàs ann ag ionnsachadh a' chànain, tha grunn dhaoine a tha a' fuireach anns na Crìochan ag ionnsachadh air-loidhne gu ìre adhartach, agus tha coimhearsnachd nas fharsainge anns na Crìochan a tha a' dol an sàs sa chànain tro a ceòl agus a h-òrain.



Tha Ainmean Àite na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig air am mapa a leanas de dh'ainmean-àite Gàidhlig ann an Crìochan na h-Alba a chruthachadh, a' sealltainn dualchas Gàidhlig na sgìre.



### 3. Na tha Crìochan na h-Alba a' cur ris a' Ghàidhlig

Is iad seo trì raointean, a tha co-cheangailte ri chèile, far am faodar cur gu mòr ris a' Ghàidhlig:

#### 3.1 Fiosrachadh agus Mothachadh

Mar chànan oifigeil na h-Alba agus mar a bhith a' cur ri tuigse nas fheàrr air eachdraidh agus dearbh-aithne na h-Alba, tha e cudromach gum bi muinntir Chrìochan na h-Alba a' faicinn no a' cluinntinn beagan Gàidhlig agus gum faigh iad beagan mothachaidh is tuigse air a' Ghàidhlig.

'S e a' bhuidheann seinn Ghàidhlig a bhuidheann as motha a bhios a' brosnachadh mothachadh air Gàidhlig ann an Crìochan na h-Alba agus bi iad a' seinn aig tachartasan ciùil air feadh na sgìre. Tha iad cuideachd air bùithtean-obrach òrain Ghàidhlig a ruith a tha air ùidh mhòr a tharraing. A bharrachd air seo, bidh iad a' cur prògram choinneamhan air dòigh tron bhliadhna gus a' Ghàidhlig agus a cultar a bhrosnachadh. Bidh na tachartasan seo a' gabhail a-steach òraidean, seiseanan ciùil is bàrdachd agus thèid tachartasan is cèilidhean a shanasachadh air Facebook.

San àm a dh' fhalbh tha Comhairle Crìochan na h-Alba air taic a thoirt do thachartasan Gàidhlig a chaidh a chur air dòigh anns na Crìochan gus mothachadh nas fharsainghe a bhrosnachadh air a' chànan, agus tha iad air tachartasan agus clasaichean a mhaoineachadh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Mar eisimpleir bùthan-obrach Gàidhlig airson clann agus cuirmean seinn.

Is e stèisean rèidio Gàidhlig a th' ann am BBC Radio nan Gàidheal a tha leis, agus air a ruith leis a' BhBC. Chaidh an stèisean a chur air bhog ann an 1985 agus bidh e a' craoladh phrògraman Gàidhlig le co-chraoladh BBC Radio Scotland. A bharrachd air seo, tha an t-seanail telebhisean didseatach BBC ALBA a bhios a' craoladh phrògraman Gàidhlig, a' gabhail a-steach naidheachdan, spòrs na h-Alba, ceòl, prògraman firinneach is chloinne gach latha.

## 3.2 Foghlaim

Tha Cànan is Litearrachd na phrìomh raon den churraicealam sa Churraicealam airson Sàr-mhathais. Bu chòir beachdachadh air foghlam Gàidhlig airson a h-uile sgoil mar phàirt den phlana curraicealaim aca bho 3-18 agus tha rùn aig Seirbheisean Foghlaim Chomhairle Chrìochan na h-Alba taic a thoirt do leasachadh cultar na Gàidhlig tron phlana seo agus tro phlanaichean leasachaidh sam bith às a dhèidh.

### 3.2. 1 A' Ghàidhlig ann am Foghlam

Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba ag aithneachadh agus a' cur luach air cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig mar phàirt de phlanadh ro-innleachdail agus leasachadh ionnsachadh cànan agus de chòraichean ar n-òigridh air foghlam ann an cànanan dùthchasach na h-Alba.

Tha dà phrìomh sheòrsa foghlaim Gàidhlig ann: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi).

*"S e a th' ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ach ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd tro bhogadh. Tha modalan eile ag adhbharachadh lagachadh ann am fileantachd agus mar sin chan eil iad co-chòrdail ri bhith a' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha làidir is seasmhach."* Joan Esson, Prìomh Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson FtG, an t-Ògmhios 2015.

Gu nàiseanta, tha FtG air a mhìneachadh le Foghlam Alba mar a leanas:

Tha FtG stèidhichte air prionnsapal bogadh cànan. Bu chòir FtG a bhith a' gabhail a-steach nan ceithir co-theacsan anns a' Churraicealam airson Sàr-mhathais:

- feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd
- raointean curraicealaim agus cuspairean
- ionnsachadh eadar-chuspaireil
- cothroman airson coileanadh pearsanta

Tha Foghlam Alba a' comhairleachadh gu làidir nach e dìreach ionnsachadh cànan a th' ann am FtG, cuideachd bithear a' libhrigeadh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh a' Ghàidhlig aig cridhe beatha, cultar agus feallsanachd na sgoile.

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) (2016) agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig a' gabhail a-steach trì prìomh molaidhean a thaobh FtG:

1. Tha dleastanas air ùghdarrasan FtG a bhrosnachadh, agus gus taic a chumail ris
2. A' stèidheachadh pròiseas reachdail do dh'ùghdarrasan gus iarrtasan phàrantach airson FtG a mheasadh
3. A' deasachadh ullachaidhean stiùiridh reachdail airson a bhith a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean agus le ùghdarrasan

### 3.2.2 Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Comhairle Chrìochan na h-Alba

Bidh Comhairle Chrìochan na h-Alba a' toirt seachad FtG tro aonta com-pàirteachais le Comhairle Baile Dhùn Èideann aig an àm seo. Tha rèiteachaidhean com-pàirteachais a' cumail taic ri leasachadh comas agus cleachdadh goireasan èifeachdach air feadh na roinne agus ri ionnsachadh àrd-ìre tro mheadhan na Gàidhlig do chloinn is do dhaoine òga. Bidh an solar seo air a phlanadh agus air a mheasadh le Comhairle Chrìochan na h-Alba le com-pàirtichean ionadail le iarrtas ionadail air a mheasadh mar phàirt de phlanadh leantainneach airson an àm ri teachd. Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba a' cumail taic ris an t-solar seo agus tha e ri fhaighinn ma nì pàrantan iarrtas. Chaidh taic agus conaltradh do phàrantan a tha airson an cuid cloinne a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a chomharrachadh mar amas aig Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba agus tha seo am measg nan gnìomhan gu h-ìosal.

Ann an 2022/2023 cha robh clann/daoine òga sam bith bho Chrìochan na h-Alba a' dol gu solar FtG aig Baile Dhùn Èideann ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce, no dhan t-solair FtG àrd-sgoile ann an Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig.

Tha cothrom aig pàrantan cuideachd air Cròileagain Gàidhlig ann am Baile Dhùn Èideann tro sholaraidhean com-pàirteach ann an grunn àiteachan air feadh a' bhaile. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn Cròileagan Dhùn Èideann:

<http://www.gaelicplaygroup.com/>

Tha prìomh oifigearan Comhairle Chrìochan na h-Alba a' cumail taic ri leasachadh leantainneach air obair com-pàirteachais èifeachdach air feadh sgìre Caidreachas

Leasachaidh Roinneil an Ear-dheas agus a' stiùireadh taic do sgoiltean ann a bhith a' cur air adhart ionnsachadh na Gàidhlig.

### 3.2. 3 Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)

Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi) a' ciallachadh ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd ann an co-theacsa Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

A rèir comhairle agus stiùireadh Foghlam Alba air FLi: “Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla, tha a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den chòir a tha aig cloinn agus aig daoine òga air cànan ionnsachadh. Is e Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLi) a thathar a' cleachdadh mar bhriathar farsaing a tha a' gabhail a-steach an t-solair 3-18.” ([Gaelic Education 3-18 in Language Learning in Scotland: Modh-obrach 1 + 2](#))

Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLi) a' toirt chothroman adhartach do dhaoine òga a' Ghàidhlig ionnsachadh agus eòlas fhaighinn air cultar na Gàidhlig mar phàirt den tairgse chànanan nas fharsainge thar sgoiltean Comhairle Chrìochan na h-Alba. Chan eil FLi leasaichte ann an sgoiltean Chrìochan na h-Alba aig an àm seo, ach thathar ga phlanadh tron phròiseas Planaidh airson na Gàidhlig. Bidh seo a' gabhail a-steach cothroman gus a bhith a' brosnachadh cleachdadh làrach-lìn agus goireasan Stòrlann 1+2 Languages, Go Gaelic (<https://go-gaelic.scot/>). Thathar a' leasachadh na raoin seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean ionadail agus nàiseanta a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, ùghdarrasan ionadail roinneil, ionadan foghlaim àrd-ìre agus adhartach, sgoiltean agus pàrantan.

Chaidh Buidheann-stiùiridh Foghlaim Gàidhlig roinneil a stèidheachadh gus taic a thoirt do leasachadh ro-innleachdail na Gàidhlig ann an sgoiltean agus a' gabhail a-steach prìomh oifigearan aig ùghdarrasan ionadail, tidsearan bun-sgoile agus àrd-sgoile, pàrantan agus com-pàirtichean ionadail. Am measg prìomh chom-pàirtichean ionadail, tha Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh, a bhios a' libhrigeadh leasachadh proifeiseanta agus cothroman chom-pàirteachaidh do sgoiltean, phàrantan agus luchd-ionnsachaidh. Thèid tidsearan aig a bheil gnàth-eòlas no ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig a chomharrachadh agus thathas a' leasachadh agus a' tabhann chothroman trèanaidh ionadail.

Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba ag obair le sgoiltean ann an sgìrean far a bheil FLi ga libhrigeadh aig an àm seo (Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig, Baile Dhùn Èideann) agus a' tabhann chothroman tro fhuasglaidhean didseatach gus ionnsachadh Gàidhlig fhosgladh do luchd-ionnsachaidh air feadh na sgìre.

Gheibhear goireasan ionnsachaidh Gàidhlig air-loidhne tro ghrunn làraichean-lìn an-asgaidh, nam measg [Learn Gaelic](#) agus [SpeakGaelic](#). Tha cothroman ann gus Gàidhlig ionnsachadh air-loidhne no gu pearsanta cuideachd rim faighinn tro Shabhal Mòr Ostaig, colaiste nàiseanta na Gàidhlig san Eilean Sgitheanach. Chaidh cùrsaichean sgìreil do thidsearan a chruthachadh agus a thoirt seachad ann an com-pàirteachas le solaraiche ionadail, Togi Gaelic.

Tha grunn chùrsaichean air-loidhne rim faighinn cuideachd gus Gàidhlig ionnsachadh, mar eisimpleir, prògram SB Learn aig a' Chomhairle, Siostam Riaghlaidh Ionnsachaidh Tessello a tha air a dhealbh gus luchd-obrach Chomhairle Crìochan na h-Alba a chuideachadh le prògram ionnsachaidh air-loidhne anns a bheil grunn chànanan a' gabhail a-steach Gàidhlig agus thèid fiosrachadh mu chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh a chur air duilleag-lìn na Comhairle.

### 3.2.4. A' Ghàidhlig taobh a-muigh foghlaim

Tha seirbheis Leabharlann Comhairle Chrìochan na h-Alba comasach air bagaichean Bookbug sa Ghàidhlig a thoirt seachad aig na h-ìrean seo uile:

- Bèibidh (air a thoirt seachad leis an neach-tadhail slàinte timcheall air aois 6 seachdainean)
- Caodachan (air a thoirt seachad leis an neach-tadhail slàinte timcheall air aois 18 mìosan)
- 'Explorer' (air a thoirt seachad le sgoiltean-àraich aig aois 3)
- Baga teaghlaich (air a thoirt seachad tron sgoil ann am BS1)

Tha beagan leabhraichean Gàidhlig rim faighinn ann an Àrd-oifis nan Leabharlannan agus tha leabhraichean rim faighinn ann an cruinneachaidhean na cloinne thairis air leabharlannan Comhairle Chrìochan na h-Alba. 'S ann ainneamh a bhios iarrtasan ann airson stuthan Gàidhlig; ach dh'fhaodadh seo a bhith mar thoradh air dìth mothachaidh agus mar sin chaidh a chomharrachadh mar raon leasachaidh Cuideachd, chan eil seiseanan Bookbug Gàidhlig gan ruith aig an àm seo

A thaobh ionnsachadh coimhearsnachd, tha na leanas ri fhaighinn an-dràsta:

- Tha app Gàidhlig do luchd-tòiseachaidh, Go Gaelic a tha ri fhaighinn an-asgaidh agus a tha ag amas air clann na bun-sgoile
- Tha Duolingo ann cuideachd, app an-asgaidh agus goireas eile do dhaoine a tha airson cànan ionnsachadh air-loidhne
- Tha SpeakGaelic ann cuideachd, goireas air-loidhne a tha cuideachd comasach air clasaichean aghaidh-ri-aghaidh a thoirt seachad airson luchd-tòiseachaidh no daoine nach eil cho misneachail le bhith a' bruidhinn na Gàidhlig. Airson barrachd fiosrachaidh #cuir fios gu SpeakGaelic.scot
- Buidheann seinn sa Ghàidhlig *Turas* a tha a' faighinn tabhartas beag bhon chomhairle gach bliadhna
- Chaidh tachartasan Foghlam Gàidhlig do dh'inbhich, clann agus daoine òga a chumail ann an Crìochan na h-Alba – tha na tachartasan sin air am foillseachadh air Facebook agus air duilleag Yammer na Comhairle do luchd-obrach. Bidh Peat and Diesel, còmhlan-ciùil de thriùir à Steòrnabhagh sna h-Eileanan an Iar gu bhith a' nochdadh aig an Edge Fest aig Lilliardsedge san t-Sultain 2023
- Maoineachadh airson foghlam Gàidhlig le taic-airgid shònraichte a ghabhas a chleachdadh airson gnìomhachd sam bith co-cheangailte ris a' Ghàidhlig mar a bhios iomchaidh.
- Tha seirbheis eadar-mhìneachaidh agus eadar-theangachaidh aig Comhairle Chrìochan na h-Alba

- Tha Stòrlann cuideachd air làrach-lìn a chruthachadh do sgoiltean.

### 3.3 Cultar agus Ealainean

Tha taobh Gàidhlig làidir ann an ceòl traidiseanta. Tha traidisean ceòl traidiseanta làidir air tighinn am bàrr ann an Crìochan na h-Alba san deich bliadhna mu dheireadh am measg clann, daoine òga agus inbhich agus tha ceòl Gàidhlig air a bhith na mheadhan cudromach taobh a-staigh seo agus tha e air buaidh a thoirt air daoine.

Tha mòran fhèisean agus chuirmean-ciùil a chaidh a chumail anns an Crìochan na h-Alba air a bhith a' gabhail a-steach luchd-ciùil Gàidhlig a tha air mothachadh agus ùidh àrdachadh anns a' Ghàidhlig agus a cultar.

1. Tha Ceòl traidiseanta na dheagh dhòigh air mothachadh àrdachadh air cultar na Gàidhlig
2. Tha bàird agus acadaimigich Ghàidhlig a' fuireach ann an Crìochan na h-Alba
3. Bha dealbhan-cluiche Gàidhealach mar phàirt de chuid de thachartasan ealain ann an Crìochan na h-Alba, a' sealltainn taobhan de chultar na Gàidhlig
4. Bidh luchd-ciùil agus riochdairean film stèidhichte sna Crìochan a' faighinn buannachd bho TBh Gàidhlig agus meadhanan eile tro chùmhnantan agus tro fhoillseachadh
5. Tha Fèis Leabhraichean Mhaolros na dheagh chothrom aire a thogail mu leabhraichean Gàidhlig agus mun Ghàidhlig fhèin

## 4. Gealltanasan a' Phlana

### 4.1 Gealltanasan Àrd-ìre Aontaichte

<b>A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig</b>	
Amas Àrd-ìre	Obraich còmhla ri Fèisean nan Gàidheal (buidheann a bheir taic do dh'fhèisean teagaisg ealain sa choimhearsnachd air feadh na h-Alba) agus prìomh chom-pàirtichean eile gus Fèis (fèis ciùil is dannsa) a stèidheachadh ann an sgìre Chomhairle nan Crìochan
An suidheachadh làithreach	Chan eil a' Chomhairle air conaltradh le Fèisean nan Gàidheal no prìomh chom-pàirtichean eile gus Fèis a stèidheachadh
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	A bhith a' stèidheachadh Fèis no a' dèanamh phlanaichean gus Fèis a stèidheachadh
Gnìomhan a dhìth	Obraich còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach agus prìomh chom-pàirtichean eile gus planaichean a dheasachadh airson Mòd Ionadail agus cuir na planaichean sin an gnìomh.
Ceann-latha targaid	An Giblean 2026
Uallach	Comhairle Chrìochan na h-Alba

Amas Àrd-ìre	Obraich còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach (a bhios a' ruith a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail) agus prìomh chom-pàirtichean eile gus Mòd Ionadail a stèidheachadh (cothroman pàirt a ghabhail ann an tachartasan Gàidhlig) taobh a-staigh sgìre Chomhairle Chrìochan na h-Alba.
An suidheachadh làithreach	Chan eil a' Chomhairle air conaltradh leis a' Chomann Ghàidhealach mu bhith a' stèidheachadh Mòd Ionadail
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	A bhith a' stèidheachadh Mòd Ionadail no a' dèanamh phlanaichean gus Mòd Ionadail a stèidheachadh
Gnìomhan a dhìth	Obraich còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach agus prìomh chom-pàirtichean eile gus planaichean a dheasachadh airson Mòd Ionadail agus gus na planaichean sin a chur an gnìomh.
Ceann-latha targaid	An Giblean 2026
Uallach	Comhairle Crìochan na h-Alba agus Live Borders

Amas Àrd-ìre	Coilean an dleastanas a tha air a mhìneachadh ann an
--------------	--

	<p>Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus solar a dh'fhaodadh a bhith ann airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh do luchd-còmhnaidh Comhairle Chrìochan na h-Alba ann an dòigh a tha i a' meas iomchaidh, a' gabhail a-steach an cothrom a tha ann fon Achd seo do phàrantan gus iarraidh gun tèid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh.</p>
<p>An suidheachadh làithreach</p>	<p><u>FtG</u>  Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a thoirt seachad aig an àm seo tro aonta com-pàirteachais le Comhairle Baile Dhùn Èideann.  Chaidh buidheann stiùiridh ro-innleachdail ionadail a stèidheachadh gus taic a chumail ri planadh is leasachadh leantainneach  Thathar a' trusadh dàta mu luchd-ionnsachaidh ann am FtG  Tha conaltradh a' dol air adhart le pàrantan gus taic a chumail ri planadh co-obrachail</p> <p><u>FLi</u>  Chan eil FLi ri fhaighinn ann an Comhairle Chrìochan na h-Alba an-dràsta  Tidsearan le ùidh gu bhith air an comharrachadh  Chaidh bun-chùrsa Gàidhlig do luchd-teagaisg a chumail ann an 2021/22.  A' coimhead air cothroman do thidsearan aig a bheil ùidh a bhith a dhol gu cùrsaichean Sabhal Mòr Ostaig  Thathar a' cruthachadh goireasan cànan tar-churraicealaim airson bun-chùrsa Gàidhlig le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh.</p> <p>Tha pasgan ghoireasan ann gus taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig mar L3 (bun-sgoil no àrd-sgoil). Tha seo a' gabhail a-steach PPTan agus faidhlichean claisneachd a tha a' gabhail a-steach a' chànain cho math ri taobhan de chultar na Gàidhlig. Tha iad seo rim faighinn air Schoolhouse agus chaidh an co-roinn le sgoiltean. Tha na goireasan air an dealbhadh gus ceangail ri Go Gaelic, an làrach-lìn nàiseanta airson ionnsachadh cànan do bhun-sgoiltean. Tha seo cuideachd ceangailte anns an aon raon ghoireasan ris na PPTan Gàidhlig.</p>
<p>Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair</p>	<p><u>FtG</u>  Dàta mu àireamh nan sgoilearan ann am FtG an-dràsta  Gus taic a chumail ris na h-ullachaidhean làithreach agus gus an cumail a' dol is an leudachadh  Gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh soilleir ri</p>



	<p>fhaighinn mu sholar FtG a rèir an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.</p> <p>Gus cur ri àireamhan ann am FtG a rèir planaichean ionadail agus nàiseanta</p> <p><u>FLi</u> Barrachd sgoiltean agus sgoilearan a' gabhail pàirt ann am FLi Barrachd luchd-teagaisg a' dèanamh feum de chothroman leasachaidh a thaobh na Gàidhlig Goireasan Gàidhlig a chaidh a chruthachadh san sgìre ri fhaighinn do luchd-teagaisg agus do sgoiltean.</p>
Gnìomhan a dhìth	<p><u>FtG</u> Cùm sùil air agus clàraich àireamhan ann am FtG Dèan measadh air fiosrachadh na comhairle a thaobh solar FtG Brosnaich FtG tro sheanailean conaltraidh is lìonraidhean. Obraich ann an com-pàirteachas le Comhairle Baile Dhùn Èideann gus taic a chumail ris na h-ullachaidhean làithreach agus gus an cumail a' dol agus gus planadh a thaobh FtG a cho-thaobhadh.</p> <p>Brosnaich agus cùm taic ri solar FtG aig aois ro-sgoil/sgoile tro sholar chom-pàirteachaidh làithreach Teaghlaichean: Pasgan taic do theaghlaichean, lèirmheas air fiosrachadh air an làraich-lìn, dèan conaltradh le pàrantan. Nì a' Chomhairle sgrùdadh ion-dhèantachd air a bhith a' stèidheachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.</p> <p><u>FLi</u> Cùm taic ri sgoiltean le planadh is leasachadh FLi tro bhith a' toirt seachad goireasan ionnsachaidh is teagaisg agus cothroman proifeasanta do luchd-teagaisg Brosnaich ìre-cleachdaidh cùrsaichean barrantaichte aig SQA Cruthaich cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de 1+2 agus tro chom-pàirtichean (m.e. Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh, E-sgoil no sgoiltean ann an Dùn Èideann). Sgrùdadh a dhèanamh gus bun-loidhne de sholarachadh Gàidhlig a stèidheachadh taobh a-staigh 1+2 gus sùil a chumail air àrdachadh Comharraich cothroman gus cleachdadh na làraich-lìn Go Gaelic aig Stòrlann a bhrosnachadh gus taic a thoirt do leasachadh luchd-teagaisg ann an sgìlean Gàidhlig</p>

	bunaiteach
Ceann-latha targaid	Gearran 2024 - gach bliadhna às dèidh sin
Uallach	Oifigear Leasachadh Càileachd aig Comhairle Chrìochan na h-Alba agus Buidheann Ro-innleachdail na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Lean air adhart a' toirt taic do chothroman ionnsachaidh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, agus feuch ri seo a leudachadh far a bheil iarrtas follaiseach.
An suidheachadh làithreach	Tha aon chlas Gàidhlig ri fhaighinn aig an àm seo. Tha cothroman com-pàirteachais rim faighinn agus a' tòiseachadh a bhith air an cleachdadh gu h-ionadail
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	Barrachd chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh sa choimhearsnachd ionadail Com-pàirteachadh leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig ionadail
Gnìomhan a dhìth	Comharraich is dèan measadh air cothroman a bharrachd airson ionnsachadh inbheach Obraich le com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich/sa choimhearsnachd a thoirt seachad agus brosnach SpeakGaelic  Comharraich daoine sa choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig aig a bheil ùidh ann am brosnachadh is leasachadh na Gàidhlig
Ceann-latha targaid	An Giblean 2025
Uallach	Oifigear Leasachadh Càileachd Comhairle Chrìochan na h-Alba / Buidheann Ro-innleachdail na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Rannsaich a bhith a' cur air dòigh rèiteachadh com-pàirteachais le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh, leis an amas oidean Gàidhlig a chomharrachadh no a chruthachadh airson sgìre Chomhairle Chrìochan na h-Alba.
An suidheachadh làithreach	Tha obair air tòiseachadh ach tha le ùmhlachd do chuingealachaidhean Covid-19
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	Rèiteachadh com-pàirteachais le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh  Àrdachadh san àireimh de dh'oidean agus luchd-teagaisg Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle nan Crìochan.
Gnìomhan a dhìth	Obraich le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh gus plana a chruthachadh Cuir am plana an gnìomh.
Ceann-latha targaid	An Giblean 2025

Uallach	Comhairle Chrìochan na h-Alba
Amas Àrd-ìre	Tòisich còmhraidh le co-bhanntachd Ionnsachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), le dùil foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a stèidheachadh taobh a-staigh sgìre na comhairle rè beatha a' phlana.
An suidheachadh làithreach	Chan eil solar ann aig an àm seo
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig rim faighinn ann am bun-sgoiltean Comhairle Chrìochan na h-Alba.
Gnìomhan a dhìth	Dèan conaltradh le GLPS leis an amas FLi a stèidheachadh
Ceann-latha targaid	An Giblean 2025
Uallach	Oifigear Leasachadh Càileachd aig Comhairle Chrìochan na h-Alba

Amas Àrd-ìre	Thoir taic agus brosnachadh do theaghlaichean agus buidhnean de theaghlaichean a tha ag iarraidh solar tràth-bhliadhnaichean agus/no bun-sgoile Gàidhlig a stèidheachadh ann an sgìre Chomhairle Chrìochan na h-Alba.
An suidheachadh làithreach	Chan eil cleachdadh làithreach ann.
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	Taic ga toirt do theaghlaichean aig a bheil ùidh ann am foghlam Gàidhlig  Barrachd Gàidhlig ann an solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig taobh a-staigh sgìre na Comhairle.
Gnìomhan a dhìth	Thoir taic do phàrantan aig a bheil ùidh ann am foghlam Gàidhlig  Stèidhich foghlam tràth-bhliadhnaichean sa Ghàidhlig ma tha iarrtas gu leòr ann (bithear a' cumail sùil air seo tro fhiosrachadh a thèid a chruinneachadh aig àm clàrachaidh  Dèan conaltradh le buidhnean tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
Ceann-latha targaid	An Giblean 2024 agus gach bliadhna às dèidh sin
Uallach	Comhairle Chrìochan na h-Alba

<b>A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig</b>	
Amas Àrd-ìre	Obraich còmhla ri Live Borders agus prìomh chom-pàirtichean eile gus eileamaid dràma is ciùil Gàidhlig a thoirt a-steach dhan churraicealam, ann am buidheann-sgoile iomchaidh, mar phileat, leis an amas barrachd dhaoine òga a thàladh gu bhith ag ionnsachadh mun Ghàidhlig agus a cultar.
An suidheachadh làithreach	Chan eil solar ann aig an àm seo
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	Pìleat air a dhèanamh de dhràma is ceòl Gàidhlig taobh a-staigh clàr-oideachaidh na buidhne-sgoile.
Gnìomhan a dhìth	Comharraich buidheann-sgoile iomchaidh  Obraich còmhla ri Live Borders agus prìomh chom-pàirtichean eile gus eileamaid dràma is ceòl Gàidhlig a thoirt a-steach dhan churraicealam  Fios air ais bhon chloinn agus bho luchd-teagaisg
Ceann-latha targaid	An Giblean 2024, gach bliadhna às dèidh sin
Uallach	Comhairle Chrìochan na h-Alba

Amas Àrd-ìre	Faigh a-mach a bheil cothroman ann airson co-obrachadh le VisitScotland mar phàirt de leasachadh ro-innleachd turasachd na Gàidhlig
An suidheachadh làithreach	Chan eil solar ann aig an àm seo
Buil a thathar ag iarraidh / Taisbeanair	A' dol an sàs ann an ro-innleachd turasachd na Gàidhlig agus VisitScotland  Àrdachadh ann an roinn turasachd na Gàidhlig ann an Comhairle Chrìochan na h-Alba.
Gnìomhan a dhìth	Obraich le VisitScotland
Ceann-latha targaid	An Giblean 2025
Uallach	Comhairle Chrìochan na h-Alba

<b>Trèanadh is Ionnsachadh Cànain</b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Chan eil trèanadh luchd-obrach ri fhaighinn sa Ghàidhlig suidheachadh làithreach - modal air Gàidhlig ri fhaighinn air SB Learn Thathar a' deasachadh trèanadh do luchd-teagaisg gus taic a chumail ri ionnsachadh is teagasg na Gàidhlig ann an sgoiltean. Thabhainn agus ruith sinn cùrsa do thidsearan ann an com-pàirteachas le Togi Gàidhlig eadar am Faoilleach is an Cèitean 2022. Rinn dà thidsear an cùrsa seo. Bhon uair sin tha sinn air trì cùrsaichean eile a thabhann; 2 chùrsa 6-seachdain airson luchd-

	<p>tòiseachaidh agus 1 bùth-obrach fad latha leis fhèin. Chaidh seo a thairgsinn thairis air Comhairle Chrìochan na h-Alba agus ùghdarrasan eile san Ear-dheas ach cha do ghabh duine sam bith pàirt ann. Bha seo a dh'aindeoin ar n-oidhirpean gus an cùrsa a bhrosnachadh ach bha e co-chòrdail ris na bha sinn a' faicinn a thaobh ìrean cleachdaidh CLPL ann an àiteachan eile aig an àm.</p> <p>Tha a' chomhairle deònach coimhead air cùrsaichean roinneil air-loidhne agus a bhith gan toirt seachad. Dh'fhaodadh an Tabhartas Sònraichte Gàidhlig a bhith air a chleachdadh gus taic a chumail ri seo.</p>
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Dèan sgrùdadh agus measadh air an iarrtas am measg luchd-obrach airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig Comharraich modalan trèanaidh agus dòighean-obrach a dh'fhaodadh a bhith ann (m.e. trèanadh mothachaidh air a' Ghàidhlig, ionnsachadh cànan is msaa.) Obraich còmhla ri com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh gu h-ionadail (m.e. Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh).
<b>Buil / taisbeanair air a mholadh</b>	Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig aig luchd-obrach
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Oifigearan Leasachaidh Buidhne/Oifigear Leasachaidh Càileachd agus Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2024

<b>Luchd-ionnsachaidh inbheach</b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Tha aon chlas Gàidhlig ri fhaighinn aig an àm seo. Tha cothroman com-pàirteachais rim faighinn agus a' tòiseachadh a bhith air an cleachdadh gu h-ionadail
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Comharraich is dèan measadh air cothroman a bharrachd airson ionnsachadh inbheach Obraich le com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich/sa choimhearsnachd a thoirt seachad is a bhrosnachadh Comharraich daoine sa choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig aig a bheil ùidh ann am brosnachadh is leasachadh na Gàidhlig
<b>Buil a tha air a mholadh/ Taisbeanair</b>	Barrachd cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh sa choimhearsnachd ionadail Com-pàirteachadh leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig ionadail
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig

<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2025
-----------------	-----------------

<b>A' Ghàidhlig ann an Coimhearsnachdan, Com-pàirteachasan agus Lìonraidhean</b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Conaltradh agus co-obrachadh a' dol air adhart le com-pàirtichean Gàidhlig ionadail Com-pàirtichean air an riochdachadh air buidheann stiùiridh na Gàidhlig aig Comhairle Chrìochan na h-Alba. Tha prìomh oifigearan a' riochdachadh Comhairle Chrìochan na h-Alba air lìonraidhean Gàidhlig nàiseanta m.e. Gaelic Language Network (GLAN)
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Cùm oirnn le conaltradh le com-pàirtichean nàiseanta agus ionadail gus taic a chumail ri cothroman ionnsachaidh agus solarachadh FtG san sgìre.  Dèan conaltradh leis a' cho-bhanntachd airson FLi gus coimhead air roghainnean airson cothroman leasachaidh cànan do luchd-obrach. Comharraich com-pàirtichean ionadail (gnìomhachas, turasachd is msaa.) <ul style="list-style-type: none"> <li>• Lean air adhart a' frithealadh tachartasan lìonraidh nàiseanta, a' sgaoileadh cothroman agus fiosrachadh mun Ghàidhlig agus a' brosnachadh leasachadh luchd-obrach mar eisimpleir a' brosnachadh leughadh bàrdachd Gàidhlig / Scots / Beurla aig Fèis Leabhraichean nan Crìochan.</li> <li>• Lean air adhart a' libhrigeadh sheiseanan Bookbug Gàidhlig – (Chan eil iarrtas sam bith air a bhith ann gu ruige seo gus an seisean seo a libhrigeadh sa Ghàidhlig)</li> </ul>
<b>Buil a tha air a mholadh/ Taisbeanair</b>	Barrachd solar ionnsachaidh is leasachaidh Gàidhlig ann  Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Oifigear Leasachadh Càileachd aig Comhairle Chrìochan na h-Alba agus Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2026

<b>Gàidhlig anns na h-Ealainean</b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Chan eil a' Chomhairle air ullachadh sam bith a dhèanamh airson na Gàidhlig ann an ealainean, dualchas agus cur-seachadan
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Nì seirbheis ealainean na comhairle ath-sgrùdadh air na poileasaidhean aice agus nì i ullachadh airson gnìomhan

	ealain sa Ghàidhlig
<b>Buil air a mholadh / taisbeanair</b>	Nì poileasaidhean seirbheis nan ealan ullachadh airson gnìomhan ealain Gàidhlig
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Manaidsear Seirbheis: Coimhearsnachdan os Com-pàirteachasan agus Manaidsear Borders Live
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2027

## 4.2 Sgrùdadh Luchd-obrach

Mar phàirt de raon-ùghdarras na Comhairle gus co-chomhairle a chumail le luchd-obrach, gus faighinn a-mach dè na cànanan eile a th' aca agus gus faighneachd a bheil ùidh aig neach-obrach sam bith ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, chaidh foirm a chur ri chèile agus a phostadh air Yammer gus am faigheadh luchd-obrach cothrom air a' cho-chomhairle.

Tha lethbhreac den cho-chomhairle ri fhaighinn ann am Pàipear-taice B

## 4.3 Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig

Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air luchd-ionnsachaidh inbheach mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air àireamh an luchd-labhairt ann an Crìochan na h-Alba.

<b><u>Trèanadh is Ionnsachadh Cànan</u></b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Chan eil trèanadh luchd-obrach ri fhaighinn sa Ghàidhlig oir cha robh iarrtas ann air seo gu ruige seo.  Thathar a' deasachadh trèanadh do luchd-teagaisg gus taic a chumail ri ionnsachadh is teagasg na Gàidhlig ann an sgoiltean.
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Dèan sgrùdadh air, agus coimhead air iarrtas airson Gàidhlig do luchd-obrach Comharraich modalan agus dòighean trèanaidh a dh'fhaodadh a bhith ann (m.e. mothachadh Gàidhlig, ionnsachadh cànan is msaa.) Obraich còmhla ri com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh gu h-ionadail (m.e. Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh).
<b>Buil / taisbeanair air a mholadh</b>	Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig aig luchd-obrach

<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Oifigear Leasachaidh Càileachd Comhairle Chrìochan na h-Alba agus Buidheann Ro-innleachdail Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2026

<b>Luchd-ionnsachaidh inbheach</b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Tha aon chlas Gàidhlig ri fhaighinn aig an àm seo. Tha cothroman com-pàirteachais rim faighinn agus a' tòiseachadh a bhith air an cleachdadh gu h-ionadail
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Comharraich is dèan measadh air cothroman a bharrachd airson ionnsachadh inbheach Obraich le com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich/sa choimhearsnachd a thoirt seachad is a bhrosnachadh Comharraich daoine sa choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig aig a bheil ùidh ann am brosnachadh is leasachadh na Gàidhlig
<b>Buil a thathar ag iarraidh/ Taisbeanair</b>	Barrachd cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh sa choimhearsnachd ionadail Com-pàirteachadh leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig ionadail
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Oifigear Leasachaidh Càileachd Comhairle Chrìochan na h-Alba agus Buidheann Ro-innleachdail Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2026

<b><u>A' Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan, Com-pàirteachasan agus lìonraidhean</u></b>	
<b>An suidheachadh làithreach</b>	Conaltradh agus co-obrachadh a' dol air adhart le com-pàirtichean Gàidhlig ionadail Com-pàirtichean air an riochdachadh air buidheann-stiùiridh Gàidhlig na Comhairle. Tha prìomh oifigearan a' riochdachadh Comhairle Chrìochan na h-Alba air lìonraidhean Gàidhlig nàiseanta m.e. Gaelic Language Network (GLAN)
<b>Gnìomh air a mholadh</b>	Cùm oirnn le conaltradh le com-pàirtichean nàiseanta agus ionadail gus taic a chumail ri cothroman ionnsachaidh agus solarachadh FtG san sgìre.  Dèan conaltradh leis a' cho-bhanntachd airson FLi gus coimhead air roghainnean airson cothroman leasachaidh cànan do luchd-obrach. Comharraich prìomh chom-pàirtichean ionadail (gnìomhachas, turasachd is mar sin air adhart) Lean air adhart a' frithealadh tachartasan lìonraidh nàiseanta, a' sgaoileadh cothroman agus fiosrachadh mun Ghàidhlig agus a'



	brosnachadh leasachadh luchd-obrach mar eisimpleir a' brosnachadh leughadh bàrdachd Gàidhlig / Scots / Beurla aig Fèis Leabhraichean nan Crìochan. Cruthaich duilleag air làrach-lìn na Comhairle airson naidheachdan mun Ghàidhlig agus fios mu thachartasan Gàidhlig is msaa.
<b>Buil a thathar ag iarraidh/ Taisbeanair</b>	Barrachd solar ionnsachaidh is leasachaidh airson na Gàidhlig, barrachd com-pàirteachadh le, agus mothachadh, air a' Ghàidhlig.
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Oifigear Leasachaidh Càileachd Comhairle Chrìochan na h-Alba agus Buidheann Ro-innleachdail Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2026

<b>Gàidhlig anns na h-Ealainean</b>	
<b>Suidheachadh làithreach</b>	Chan eil a' Chomhairle air ullachadh sam bith a dhèanamh airson na Gàidhlig ann an ealainean, dualchas agus cur-seachadan
<b>Air a mholadh gnìomh</b>	Nì seirbheis ealainean na comhairle ath-sgrùdadh air na poileasaidhean aice agus far a bheil e iomchaidh nì i ullachadh airson gnìomhan ealain sa Ghàidhlig
<b>Buil a tha air a mholadh/ taisbeanair</b>	Nì poileasaidhean seirbheis nan ealan ullachadh airson gnìomhan ealain Gàidhlig
<b>Prìomh oifigear seirbheis</b>	Manaidsear Seirbheis: Coimhearsnachdan Ceangailte agus Manaidsear Ealainean
<b>Clàr-ama</b>	An Giblean 2026

## 5. Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig

- 5.1 Chaidh am plana ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a tha a' cur riatanas air ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail mun dreachd Plana Gàidhlig aca mus cuir iad gu Bòrd na Gàidhlig e.
- 5.2 Chaidh Plana Gàidhlig na Comhairle a chuirteachadh airson co-chomhairle phoblach bho 12<sup>mh</sup> Giblean gu 23<sup>mh</sup> Cèitean 2021 agus tha toraidhean na co-chomhairle rim faicinn ann am Pàipear-taice C.

## 6. A' sgrùdadh a' Phlana

Tha Comhairle Chrìochan na h-Alba air aontachadh sùil a chumail air adhartas leis a' Phlana Ghàidhlig agus cuiridh iad aithisg adhartais bhliadhnail ri chèile a thèid a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus bidh cothrom aig a' phoball oirre.

## 7. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach

### Uallach airson a' phlana air a' cheann thall

Bidh an t-Àrd-oifigeir cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean Comhairle Chrìochan na h-Alba na gealltanasan a tha air am mineachadh sa Phlana seo airson 2023-28. 'S e am prìomh oifigeir le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba:

DREUCHD: Oifigeir Leasachaidh Càileachd  
ROINN Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha  
AINM NA BUIDHNE Comhairle Chrìochan na h-Alba  
SEÒLADH Prìomh Oifis na Comhairle, Baile Ùr Chille Bhoisil, Maolros  
TD6 0SA  
ÀIREAMH FÒN: 0300 100 1800  
SEÒLADH PUIST-DEALAIN: [HQOperations@scotborders.gov.uk](mailto:HQOperations@scotborders.gov.uk)

### Uallach làitheil airson a' phlana

Tha uallach làitheil air an Àrd-oifigeir Taic Gnothachais airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

DREUCHD: Àrd-oifigeir Taic Gnothachais  
ROINN Stiùiriche Cruth-atharrachadh Corporra agus Seirbheis  
AINM NA BUIDHNE Comhairle Chrìochan na h-Alba  
SEÒLADH Prìomh Oifis na Comhairle, Baile Ùr Chille Bhoisil, Maolros  
TD6 0SA  
ÀIREAMH FÒN: 0300 100 1800  
SEÒLADH PUIST-DEALAIN: [research@scotborders.gov.uk](mailto:research@scotborders.gov.uk)

## 8. Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' phlana Ghàidhlig

Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig leabaichte tro structar chorporra an ùghdarras phoblaich air fad, tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh buidheann buileachaidh agus sgrùdaidh a' Phlana Gàidhlig a stèidheachadh, air a bheil luchd-obrach bho air feadh an ùghdarras phoblaich le uallach airson cruthachadh, buileachadh agus sgrùdadh diofar thaobhan den phlana.

Bidh e an urra ris a' bhuidhinn sùil a chumail air a' Phlana Ghàidhlig agus dèanamh cinnteach gun tèid na gnìomhan a bhuileachadh. Coinnichidh a' bhuidheann co-dhiù dà thuras sa bhliadhna (barrachd ma bhios feum air).

## 9. Foillseachadh

#### Air an taobh a-staigh

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:-

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

#### Air an taobh a-muigh

Nì a' Chomhairle na leanas cuideachd: -

- sgaoilidh sinn lethbhreacan do bhuidhnean leth-eisimeileach agus do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh an dleistanais aca ann an libhrigeadh a' phlana
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis

# Earr-ràdh A



## Eàrr-ràdh B

### Sgrùdadh luchd-obrach:

Co-chomhairle air Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba

Mar phàirt de rùn na Comhairle gus co-chomhairle a chumail le luchd-obrach, gus faighinn a-mach dè na cànanan eile a th' aca agus gus faighneachd a bheil ùidh aig neach-obrach sam bith ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, chaidh foirm a chur ri chèile agus a phostadh air Yammer do luchd-obrach agus bha am post mar a leanas:

#### **A bheil duine sam bith an seo aig a bheil Gàidhlig?**

Ma chaidh agad air an abairt gu h-àrd a thugsinn, bidh fios agad gu bheil sinn airson faighinn a-mach a bheil duine sam bith ann an Comhairle Chrìochan na h-Alba aig a bheil Gàidhlig. Tha sinn cuideachd airson cluinntinn bho dhuine sam bith a tha airson an cànan ionnsachadh, no airson cur ris an eòlas a th' aca mar-thà.

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Mar phàirt den Achd, tha Bòrd na Gàidhlig air iarraidh air a h-uile Comhairle ann an Alba Plana Gàidhlig reachdail ullachadh a' gabhail a-steach a bhith:

- a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh ruinn
- a' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

#### **Gabh pàirt san t-suirbhidh againn**

Tha sinn a' dèanamh suirbhidh luchd-obrach gus faighinn a-mach cia mheud neach-obrach as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn no a thuigsinn no aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh. Ma tha Gàidhlig agad, tha sinn gu mòr airson cluinntinn bhua.

- Bha an suirbhidh fosgailte bho 9<sup>mh</sup> Samhain 2021 air-loidhne aig:  
<https://forms.office.com/r/PFaFvR4DLv>
- B' e 21<sup>mh</sup> Dùbhlachd 2021 an ceann-latha mu dheireadh

### Toraidhean

Fhuair 30 freagairt uile gu lèir agus tha na ceistean agus na freagairtean mar a leanas:

Àir	Ceist	Tha	Chan eil	Beachd
C1	A bheil thu comasach air Gàidhlig a thuigsinn /a bhruidhinn?	4	26	
Q2	Luchd-labhairt na Gàidhlig a-mhàin			
	Gàidhlig a thuigsinn	3		
	Gàidhlig a bhruidhinn	2		
	Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh	2		
	Gàidhlig a sheinn	2		
	Eile	1		
C3	Dè cho tric 's a bhios tu a' cleachdadh na Gàidhlig?			
	Gach latha	2		
	Gach seachdain/gach mìos	0		
	Bho àm gu àm	2		
	Cha bhì idir	1		
Q4	A bharrachd air Beurla a bheil cànan sam bith eile agad	11	19	
C5:	A bheil gin de na cànanan a leanas agad?			
	Fraingis	7		
	Spàinnis	2		
	Cànan Soidhnidh Bhreatainn	2		
	Scots	3		
	Eile	6		
C6.	Dè na cànanan eile a th' agad?			
	Gearmailtis	3		
	Afrikaans	1		
	Neapailis	1		
	Cantonais			
C7	A bheil thu airson Gàidhlig ionnsachadh no piseach a thoirt air	24	5	

	do chuid Gàidhlig			
C8:	A bheil ùidh agad ann an gin de na roghainnean a leanas?			
	Trèanadh mothachaidh Gàidhlig	16		
	Còmhraidh Gàidhlig	21		
	A' gabhail ann an còisir Ghàidhlig	8		

Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt dè na gnìomhan Gàidhlig eile anns am biodh ùidh aca agus chaidh na beachdan aca a chlàradh anns a' chlàr gu h-ìosal

Cothrom mo chuid eòlais a chleachdadh gus daoine aig ìrean tràtha de dh'ionnsachadh na Gàidhlig a chuideachadh
Ionnsachadh Gàidhlig a bhruidhinn.
Tha mi air a bhith ag ionnsachadh fad cha mhòr bliadhna ach tha mo bhriathrachas agus mo chothroman labhairt fhathast cuingealaichte. Bhiodh gnìomhachd sam bith a leigeadh leam piseach a thoirt air an dà chuid gu math buannachdail.
Leasan an no bùthan-obrach no cothroman ionnsachadh cànanain sam bith
Ag ionnsachadh a' chànain
Tachartasan sòisealta le luchd-labhairt na Gàidhlig no luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig; co-thachartasan le luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarrasan ionadail eile (i.e. Dùn Èideann, Meadhan Lodainn, Lodainn an Ear)

Mar thoradh air an ùidh ann a bhith ag ionnsachadh barrachd mun Ghàidhlig agus ùidh ann an tachartasan sòisealta Gàidhlig, nì a' Chomhairle cinnteach gun tèid na tachartasan sin a bhrosnachadh agus gum bi cothroman rim faighinn dhan a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Crìochan na h-Alba.

## Eàrr-ràdh C

### Aithisg air toradh na co-chomhairle air Plana Gàidhlig Chomhairle Chrìochan na h-Alba

#### **1 Ro-ràdh**

- 1.1 Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.
- 1.2 Dh'iarr Bòrd na Gàidhlig air a h-uile Comhairle ann an Alba Plana Gàidhlig reachdail ullachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 1.3 Tha Planaichean Gàidhlig air am meas mar phrìomh eileamaid ann an lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte ann an Alba. Tha an aithisg seo mu thoradh na co-chomhairle poblaich. Às dèidh sin thèid am Plana Gàidhlig a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta agus bidh lethbhreac den aithisg seo na chois.

#### **2. An dreachd Plana Gàidhlig**

2.1 Tha 3 pàirtean sa Phlana Ghàidhlig agus tha iad seo mar a leanas:

2.1.1 A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn

2.1.2 A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn

2.1.3 A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

#### **3. Co-chomhairle air an Dreachd Plana Gàidhlig**

3.1 Chaidh am plana ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a tha a' cur riathanas air ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail mun dreachd Plana Gàidhlig aca mus cuir iad gu Bòrd na Gàidhlig e.

Chaidh Plana Gàidhlig na Comhairle a chuirteachadh airson co-chomhairle poblach bho 12<sup>mh</sup> Giblean gu 23<sup>mh</sup> Cèitean 2021 agus tha toraidhean na co-chomhairle rim faicinn sa chlàr a leanas.



### **Clàr le toraidhean na co-chomhairle poblaich**

<b>Ceist</b>	<b>Tha</b>	<b>Chan eil</b>	<b>Chan eil mi cinnteach</b>	<b>Gun fhreagairt</b>
<b>A bheil thu comasach air Gàidhlig a bhruidhinn?</b>	5	19		
<b>A bheil thu comasach air Gàidhlig a leughadh?</b>	4	20		
<b>A bheil thu comasach air Gàidhlig a thuigsinn?</b>	5	19		
<b>A bheil thu comasach air Gàidhlig a sheinn?</b>	5	19		
<b>A bheil thu comasach air Gàidhlig a sgrìobhadh?</b>	4	20		
<b>A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil Plana Gàidhlig Comhairle Chrìochan na h-Alba a' gabhail a-steach nan 3 amasan airson na Gàidhlig? -</b>	13	5	5	1
<b>A bheil ùidh agad ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig?</b>	6	15	2	1
<b>A bheil ùidh agad ann a bhith ag ionnsachadh seinn sa Ghàidhlig?</b>	4	17	3	
<b>A bheil ùidh agad ann a bhith a' dol gu tachartasan Gàidhlig?</b>	6	15	3	

3.3 Fhuair eadh grunn bheachdan fàbharach agus mì-fhàbharach bhon phoball ach cha deach atharrachadh sam bith a dhèanamh air Plana Gàidhlig na Comhairle.

#### **4 Co-dhùnadh**

Tha a' cho-chomhairle a-nis deiseil a-nis agus thèid an dreachd Plana Gàidhlig a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson beachdachadh agus aonta. An uair sin, thèid Gàidhlig a chur air a' phlana agus thèid fhoillseachadh air duilleag-lìn na Comhairle, còmhla ri lethbhreac den phlana sa Bheurla.

Ainm	Dreuchd agus Àireamh Fòn
Sylvia Mendham	Àrd-oifigear Seirbheisean Gnothachais, 01835 826595
Janice Robertson	Manaidsear Planaidh is Poileasaidh Ro-innleachdail